

STORYWORLDS




# Ceiteag agus a' phoit-pheant




Miriam Moss • Peet Ellison

# Ceiteag agus a' phoit-pheant




An teaca Miriam Moss  
Na dealbhan Peet Ellison  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR




Latha bha siud bha Ceiteag na suidhe  
aig a' choimpiutar sa chlasrum.  
Bha i a' dèanamh dealbh taighe.  
Bha tòrr phoitean-peant air an sgrion.  
“Nì mi am mullach dearg,” thuirt Ceiteag.  
Ach nuair a sheall i airson na  
poit deirg cha robh i ann.

An sin chaidh an sgrion dearg, gorm,  
an uair sin uaine, agus nochd aodann beag.  
“Halò, a Cheiteag,” thuirt e. “Is mise Blip.  
Cuidichidh mi thu a’ lorg na poit-pheant.  
Dùin do shùilean agus tugainn còmhla  
riumsa.”  
Dhùin Ceiteag a sùilean ...





“Càit a bheil mi?” dh’fhaighnich  
Ceiteag nuair a dh’fhosgail i a sùilean.  
“Tha thu am broinn a’ choimpiutair,”  
arsa Blip.  
Bha Ceiteag a’ faicinn taigh.  
“Siud an taigh a bha san dealbh  
agamsa!” thuirt i.



Siud ruith Buis-pheant seachad. Bha i àrd agus caol. Bha i a' cur dath uaine air a h-uile rud.

“Carson a tha i a' dèanamh siud?”  
dh'fhaighnich Ceiteag.

“Airson gu bheil i feargach gu bheil a' phoit-pheant dhearg air chall,” arsa Blip.  
“Feumaidh sinn a lorg mus peant i sinne uaine cuideachd.”

Sheall Blip air sgrion a' choimpiutair agus phut e am putan, *Dealbhan*.



Dh'fhosgail doras agus chaidh Ceiteag agus Blip a-steach.

“Seo far a bheil a h-uile duine san stòraidh agadsa a’ fuireach,” arsa Blip.

“Tugainn, faighnichidh sinn am faca duine a’ phoit-pheant dhearg a tha air chall.”

An toiseach choinnich  
iad Na Trì Gobhair  
Ghreannach.

Bha spotagan peant  
uaine an siud 's an  
seo orra.



An uair sin choinnich  
iad An Gille Bonnaich.  
Bha spotagan peant  
uaine an siud 's an  
seo airsan.



An uair sin choinnich iad  
Nighean Bheag na Luatha  
agus bha spotagan peant  
uaine an siud 's an seo  
air a dresa.



Ach cha robh duine dhiubh sin air  
a' phoit-pheant a bha air chall fhaicinn.

“Tugainn,” arsa Blip.

“Feumaidh sinn cumail oirnn ga lorg.

Chaidh iad a shealltainn dhan choille.







Cha b' fhada gus an do ràinig iad taigh beag.  
Bha nighean bheag agus a seanmhair  
a-muigh ri taobh an taighe.

“Seall,” arsa Ceiteag. “S e Nighean Bheag  
a’ Chòta Dheirg a th’ ann.”


Bha an nighean bheag a’ fosgladh prèasant.  
'S e taigh-dhoileagan a bha ann ... agus  
's e dath DEARG a bha air.



Dh'iarr Nighean Bheag a' Chòta Dheirg  
air Ceiteag agus Blip tighinn a-steach  
gu teatha ...



... agus an sin air a' bhòrd bha  
a' phoit-pheant mhòr dhearg.



“Siud a’ phoit-pheant a bha a dhìth!”  
arsa Ceiteag. “Tha sinn air a bhith ga lorg  
sa h-uile àite.” “O, tha mi duilich,”  
arsa Granaidh.

“Thug mise leam i gus am peantainn an  
taigh-dhoileagan. ’S toil le Nighean Bheag  
a’ Chòta Dheirg an dath dearg.”



“Bheir sinne leinn a’ phoit-pheant air ais,”  
arsa Ceiteag agus Blip.

Mar sin, chuir Granaidh a’ phoit-pheant  
ann am basgaid agus smèid i riutha.

“Bithibh air ur faiceall on mhadadh-  
allaidh,” dh’èigh i.



Ruith Ceiteag agus Blip air ais tron choille agus thug iad a' phoit-pheant dhearg air ais do Bhruis-pheant.

“Nis feuch an sguir thu a pheantadh spotagan air a h-uile rud,” arsa Blip.

“Agus feumaidh mise an taigh agam fhìn a pheantadh a-nis,” arsa Ceiteag.


Sa mhionaid sin, thionndaidh a h-uile  
rud dearg, gorm agus an uair sin uaine.  
Ann an diog bha Ceiteag air ais sa  
chlasrum agus i a' cluinntinn a' chluig  
airson àm dol dhachaigh.



Thàinig a' Bh.ph. Mhoireastan a-nall  
chun a' choimpiutair.

“S e dealbh math tha sin,” thuirt i.

“Ach feumaidh tu an coimpiutar a chur  
dheth a-nis. Tha thid agad a dhol  
dhachaigh.”





Thug Ceiteag sùil eile air an dealbh aice.  
Bha cuideigin a' peantadh mullach an  
taighe.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Miriam Moss 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Miriam Moss a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò bhualte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 653 8